



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MÀIRT 2020 / MARCH 2020

TAING

It is twelve years since I took up the role of Chief Executive Officer at An Comunn Gaidhealach. The early days were marked by a financial banking crisis whilst the last days have been marked with a pandemic. Some start and some finish!

In between those book-ends, things have been eventful and enjoyable for me. Successful Royal National Mods, that were supported by strong local Mods.

Strong community support reinforced by substantial Local Authority and Scottish Government support. Debate; discussion; agreement and sometimes disagreement. All undertaken for a good cause.

It has been a pleasure to meet so many people and to have received so much support from everyone. To Directors; Sponsors; Funders; Members and Staff - past and present - thank you all for being supportive and patient with me over the past twelve years.

Best wishes to you all,
John

THANK YOU

Tha da bhliadhna dheug bho thòisich mi air dreuchd Àrd-oifigear aig a' Chomunn Gàidhealach. Bha na làithean tràth air an comharrachadh le èiginn ionmhais agus na làithean mu dheireadh air an comharrachadh le galar lèirsgaoilte! Abair toiseach agus crioch!

Eadar na cinn latha sin, tha cùisean air a bhith gu math tlachdmhor dhomh. Mòdan Nàiseanta Rìoghail soirbheachail, a' faighann taic bho Mhòdan Ionadail làidir.

Taic làidir bhon choimhleachadh air a dhaingneachadh le taic làidir bho na h-Ùghdarrasan Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba. Deasbad; deasbaireachd; aonta agus uaireannan eas-aonta! A h-uile càil air a thogail airson adhbharan ceart.

Tha e air a bhith na thoileachas coinneachadh ri uimhir de dhaoine agus a bhith air uimhir de thaic fhaighinn bhon h-uile duine. Gu Stiùirichean; Luchd-urrais; Buill a' Chomuinn agus Luchd-obrach - an-dè agus an-diugh - tapadh leibh uile airson a bhith taiceil agus foighidneach leam thairis air an dà bhliadhna dheug a dh'fhalbh.

Le gach deagh dhùrachd dhuibh uile,
Iain





An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

A Chairdean chòir,

Choinnich Bòrd Stiùiridh a Chomuinn Ghaidhealaich air Dihaoine 13 Màrt 2020. Chaidh cuspair **Coronavirus** a deasbad aig a 'choinneimh seo.

A-mach às an deasbad seo thuirt na stiùirichean:

- gu bheil e cudromach gun lean luchd-eagrachaidh nam Mòdan Ionadail ris an stiùireadh a chuir a Riaghaltas a-mach;
- tha dùil aig na Stiùirichean, aig an àm seo, **nach tachair** na Mòdan Ionadail a bha an dùil gabhail àite eadar an Cèitean agus an t-Ògmhios;
- thèid tuilleadh fiosrachaidh agus stiùiridh a thaobh Mòdan Ionadail an Fhoghair a sgoaileadh nas fhaide air adhart;
- thèid tuilleadh fiosrachaidh agus stiùiridh mun Mhòd Nàiseanta Rìoghail a thoir seachad nas fhaide air adhart.

Tha mi an dòchas gu bheil seo cuideachail aig an ìre seo. Tapadh leibh uile airson ur taic.

Leis gach deagh dhùrachd

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

Dear All,

The Board of Directors of An Comunn Gàidhealach met on Friday 13th March 2020. The subject of **Coronavirus** was discussed at this meeting.

The Directors have asked me to write to you to state that :

- It is important that the guidance issued by the Government be adhered to by all local/provincial Mod organisers;
- the expectation of Directors, at this current time, is that the May to June round of local/provincial Mòds will **not** take place;
- at a later date, further information and guidance concerning the Autumn round of Provincial Mòds will be distributed;
- further information and guidance concerning the Royal National Mòd will also be issued at a later date

I hope this is helpful. Thank you all for your continued support.

Yours Sincerely,

John Morrison
Chief Executive

Unit 7A, 7 James Street, Stornoway, Isle of Lewis, HS1 2QN, Tel: 01851 703487
Balnain House, 40 Huntly Street, Inverness, IV3 5HR, Tel: 01463 709705

Registered office: An Comunn Gàidhealach Limited, Unit 7A, 7 James Street, Stornoway, Isle of Lewis, HS1 2QN. www.amcomunn.co.uk e-mail: info@amcomunn.co.uk
A charitable company limited by guarantee. Registered in Scotland No. 322420. Recognised by the Inland Revenue as a Scottish Charity No. SC001282. Patron: Her Majesty the Queen

LUCHD-OBRACH A' CHOMUINN AG OBAIR BHON TAIGH

Tha na h-oifisean againn a-nis dùinte agus tha an luchd-obrach gu lèir ag obair bhon taigh.

Ma tha sibh airson fios a chur thugainn, cuiribh post-dealain thugainn. Gheibhearr na seòlaidhean againn [an seo](#).

Cumaibh sùil air na meadhanan sòisealta airson fiosrachadh agus naidheachdan sam bith eile.

Tha sinn an dòchas gu bheil sibh fhèin uile gu math. Cumaibh sàbhailte!

AN COMUNN STAFF WORKING FROM HOME

Both our offices are now closed, and all members of staff are working from home.

Should you wish to contact us, please email us using the contact details [here](#).

Keep an eye on our social media pages for any updates and information.

We hope you are all well, please take care and stay safe.



www.ancomunn.co.uk

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidih ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlairbh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)

£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)

£5 (students)

SEANAIL YOUTUBE A' MHÒID

Tha sinn air bhideothan ùra a chur air seanail YouTube a' Mhòid. Thigeabh chun t-seanail airson am faicinn agus fo-sgriobh an sin!

'S e 'Am Mòd Nàiseanta Rìoghail' ainm an t-seanail. Gheibhear e [an seo](#).

MOD YOUTUBE CHANNEL

We've added new videos to our YouTube channel. Head to the page to view them and subscribe!

'Am Mòd Nàiseanta Rìoghail' is the name of our YouTube page.



Bruthaibh air an logo airson tadhail air seanail YouTube a' Mhòid.

OIREACHTAS NA GAEILGE

Tha ceangal air a bhith eadar am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus Oireachtas na Gaeilge airson iomadach bliadhna.

Bidh ríochdairean bhon Chomunn a' dol ann gach bliadhna, agus bidh ríochdairean bhon Oireachtas a' tighinn chun Mhòd Nàiseanta Rìoghail cuideachd.

Chaidh Oireachtas 2019 a chumail ann an Baile Atha Cliath. Bha dithis de na Stiùirichean againn, Seònaid NicDhòmhnaill agus Alasdair MacCumhais, an làthair eadar an 31mh den Dàmhair agus an 3mh den t-Samhain. Chòrd an turas riutha gu mòr.

Chìthear Seònaid agus Alasdair anns an dealbh gu h-iosal, còmhla ri Máirin de Brún agus Micheál Mac Aogáin bho Oireachtas na Gaeilge.

For years there has been a strong link between the Royal National Mod and Oireachtas na Gaeilge.

Representatives from An Comunn Gàidhealach visit the Oireachtas each year and in turn, representatives from the Oireachtas visit the Royal National Mod as well.

Oireachtas na Gaeilge 2019 took place in Dublin and two of our Directors, Janet Macdonald and Alasdair MacCuish, attended the event between the 31st of October and 3rd November and thoroughly enjoyed the trip.

Pictured below are, Janet Macdonald and Alasdair MacCuish, alongside Máirin de Brún and Micheál Mac Aogáin from Oireachtas na Gaeilge.





**AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL
ROYAL NATIONAL MOD
ATHARRACHAIDHEAN /AMENDMENTS**



Chìtheart atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an lèrach-lìn againn gun fhiös nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/changes-to-prescribed-pieces>

- A308** 'Tha bainne aig na caoraich uile': 'chruinn' should be "chruim", throughout.
- A308** 'Bodachan a' Ghàrraidh': bars 42/44/46- should be 'aige' not 'aice'.
- A308** 'Bodachan a' Ghàrraidh': bar 43-bass second note should be a D rather than an E (doh rather than a ray).
- A306** 'Beinn Eadarra'-bar 24/26-in the soprano line, bar 26 should be the same as bar 24.
- C44(i)** Chì mi' n toman-Verse 3, line 2, should read: "gu bean-taighe an fhuilt-bhàin"


**AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL
FUTURE ROYAL NATIONAL MOD DATES**

2020 Inbhir Nis 9- 17 Dàmhair / October

2021 Peairt / Perth 8-16 Dàmhair / October

2022 Pàislig / Paisley - 14-22 Dàmhair / October

2023 An Òbain / Oban - 13-20 Dàmhair / October



COMHARTACHD ANN AN TEICNEOLAS

'S e àm gu math neònach a tha seo dhuinn uile, fhad's a tha sinn a' fàs cleachte ri beatha rudeigin ùr am broinn an taigh. Bidh barrachd tide againn a-nis, leis nach eil e ceadaithe dhuinn a bhith a' dol a-mach ach airson cùisean èiginneach no airson eacarsaich turas san latha. Mar sin, tha e cudthromach gun cum sinn sinn fhèin an iùre mhath trang, chan ann a-mhàin airson an tide a chur seachad ach cuideachd airson adhbharan slàinte.

Tha teicneòlas air a bhith air leth taiceil dhuinn uile bho thòisich seo, nas fheumail na bha e riagh. Chan ann a-mhàin airson a bhith a' toirt dhuinn an cothrom a bhith ag obair bhon taigh ach airson adhbharan sòisealta cuideachd. Tha mòran dhuinn a' tionndadh gu teicneòlas airson a bhith bruidhinn agus a' coimhead ri chèile gach latha. 'S urrainn dhuinn faicinn ar teaghlaichean, caraidean agus co-obraichean air bhideo, teachdaireachdan air na fònaichean làimh, na meadhanan sòisealta agus mar sin air adhart, mar gum biodh iad anns an rùm còmhla rinn cha mhòr. Nach eil e sònraichte math gun urrainn dhuinn seo a dhèanamh!

Bha sinn toilichte aicinn gu bheil coimhlearsnachdan nan còisirean a' cleachdadhl teicneòlas airson seo a choileanadh cuideachd! Tha feadhainn agaibh air a bhith a' cleachdadhl 'Zoom', mar eisimpleir, airson coinneachadh. Tha e a' deànaibh diofair mhòr a bhith a' faicinn a chèile, a bharrachd air a bhith cluinntinn guthan a-h-uile duine.

Tha sinne mar sgioba luchd-obrach cuideachd air tòiseachadh a' coinneachadh le bhideo airson na coinneamhan againn gach seachdain, rud a tha air còrdadh rinn gu mòr agus cumaidh sinn oirnn ga chleachdadhl san àm ri teachd.

Ma 's ann airson adhbharan pearsanta no proifeasant, bidh na rudan seo na chuideachadh agus na chomhartachd dhuinn anns na seachdainean agus na mìosan a tha romhainn.

THE COMFORT OF MODERN TECHNOLOGY

It's a very strange time for us all, having to stay at home. We will all have more time on our hands than normal and it is important that we keep ourselves occupied, not only to pass the time but for the benefit of our health as well.

Modern technology has been a very welcome aid to us all during this period. Not only for those who are able to work from home but also for social reasons. Many are turning to modern technology to keep in touch with family, friends and colleagues, with the use of video calling, messaging, social media and so on. Isn't it wonderful that such a thing exists for us to communicate with one another!

We were delighted to see so many from the choral community keeping in touch and having their routine meetings using various video platforms such as Zoom. It makes all the difference to see each other, as well as to hear one another's voices.

We too as a staff have now started using video platforms such as this for our weekly staff meetings, something which we have very much enjoyed and will continue to do so in future.

Whether it is for personal or professional use, these things will be of great benefit to us all in the weeks and months ahead.



COMHARTACHD ANN AN TEICNEOLAS

Tha Còisir Ghàidhlig an Òbain air a bhith a' cleachdadh Zoom airson coinneachadh thairis air na làithean a chaidh seachad. Chan e an aon rud a th' ann ri bhith còmhladh san aon rùm, ach tha e math airson an dràsta!

Ma tha an còisir, buidheann, class no fiùs na caraidean agaibh air a bhith a' cleachdadh rudan mar seo airson a bhith coinneachadh le chèile, nach curribh fios thugainn, faodaidh sibh dealbhan sam bith a chur air an duilleag facebook againn.

An dòchas gun tèid gu math leibh!



THE COMFORT OF MODERN TECHNOLOGY

Oban Gaelic Choir is one of the choirs to have used Zoom in the last couple of weeks. It may not be quite the same as being together in person, but it is certainly the next best thing!

If your choir, group, class or even your group of friends has started using this facility to keep in touch, feel free to share similar photos onto our facebook page and let us know how you are getting on.

Good luck!

COMATAIDH MÒD 2020

MAC NA BRAICHE

Bha oidhche air leth aig Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2020 le 'Mac na Braiche'aig Taigh-staile Glen Ord beagan sheachdainnean air ais. Chìtheart dealbhan gu h-ìosal.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a thàinig còmhla rinn.

The Inverness Mòd Local Organising Committee had a fantastic evening at the Glen Ord Distillery recently, with their 'Mac na Braiche' tasting evening. Below is a selection of photographs from the evening.

Thanks to all those who joined us.



<https://www.facebook.com/modinbhirnis/>

MOD 2020 COMMITTEE

BATHAR / MERCHANDISE

Tha measgachadh de rudan ri cheannach mar phàirt de bhathar Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis. Gheibhearr hoodies, lèintean-t, bagaichean, bonaidean agus mòran eile!

Thòiribh sùil [an seo](#) airson liosta de na rudan a tha ri cheannach.

The Inverness Local Organising Committee have a range of merchandise available to buy. These include hoodies, t-shirts, bags, beanies and much more.

Click on the following website to view the full list of available items.

<https://www.klasklothing.co.uk/products/group-club-shops/mod-inbhir-nis-2020>



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire,

Abair diofar a nì aon mhìos chruaidh. Corona-bhioras a' sgaoileadh air boile air feadh an t-saoghal, ar beatha fo mhòr-bhacadh, rabhadh gun gluasad bhon taigh, an ruitheam làitheil bun-os-cionn. Coinneamhan poblach agus siubhal toirmisgte.

Nam measg - fèisean litreachais agus ealain sonraichte: Aye Write Ghlaschu, Fèis Chlàrsaich Eadarnàiseanta Dhùn Èideann, Fèis Pan Cheilteach ann an Èirinn, Fèis Leabhraichean Ulapul, Obar Bhrothaig 700, na Mòdan ionadail air fad, co-dhiù gu ruige an luchair... is tòrr rudan eile. Uile dheth.

Abair briseadh-dùil don a huile neach an sàs
annta - rianadairean, buidhnean-taic, sgriobhaichean,
seinneadairean, neach-ciùil, luchd-tadhail. Bha mise
cuideachd a' dèanamh fiughair mhòr ri na Fèisean seo a
fhrithealadh.

Tha e cuideachd a-nis follaiseach gu bheil iomadh
tachartas Ghàidhlig eile sa bhliadhna romhainn - mar
thachartas poblach sam bith eile - ann an cunnart. Cha
ghabh leithid fhèisean a chuir air dòigh 'gu didseatach'
no 'air astar' - chaneil roghainn ach dàilich, dòchas, is
foighidinn...

Chaidh Fèis StAnza co-dhiù air adhart - ann an
Cill Rìmhinn aig toiseach a' Mhàirt. B'e urram is tlachd a
bh'ann dhomhsa nochdadh agus leughadh an sin, aig
seisean bàrdachd Gàidhlig, còmhla ri sgrìobhadairean
eile.

Seo dhuibh pios bàrdachd aotrom is aoireil - a'
cuir mallachd air tinneas! - às a' chiad chruinneachadh
agam "Crotal Ruadh", ag atharrais stoidhle ob no ortha
sna "Carmina Gadelica".

Tha mi an dòchas gun cùm sibh uile sàbhailte agus slàn
san àm dhùbhlach a tha seo.

Beannachdan cridheil.
Sandaidh

Mallachd charminadelica air a' ghalar-clèibh
Aoir aotrom sa stoidhle "Carmina Gadelica"

1 Asparain duibh

Gur mis' th' air mo chràdh
Leis a ghalar-clèibh
A thàinig gun chuireadh
Is le mì-rùn air m' eug.

Aspairin duibh o hi o ho
antibotaica charminadelica
mise fo mhulad ro hu ill o
casadaich sgrathail o ho bha hu
thalla, mo mhallachd ort!
asparain duibh.

2 Tobhta mo shlàinte

Tobhta mo shlàinte air na blàraibh
tùchadh is smùcanaich fad' an là!
ho a ho thalla, tha mis' air mo chràdh
ho a ho thalla, o thalla gu math!

Trì nèapraigean 's srùbagan 's trì uisge-beath'
an sreothart a' srannartaich, thig mo sgrìos
dheth!
ho a ho thalla, o thalla gu lèir
an deamhain is olc ort, a ghalair-clèibh!

3 Rann Prìosan-Tinneis

O is garbh an sgleò, is mis' ann an cèo
O thalla, a ghalair, is tilleadh mo bhèo!

Nar bheil fuath agam air m' obair
Ach tha gràin agam air sgìths
Le bhith fulang leis a' ghalar-clèibh,
Tha mi deònach a chur sìos!

O is garbh an sgleò, is mis' ann an cèo
O thalla, a ghalair, is tilleadh mo bhèo!

Ó Sandaidh NicDhomhnaill Jones

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam:

<https://sandaidhnicdomhnailljones.com/>

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

The Bard's Corner - March 2020

Dear Friends

What a difference a single cruel month makes. Coronavirus rampaging worldwide, our lives severely restricted, injunctions not to leave home, daily rhythms turned upside down. Public events and travel forbidden.

Amongst them, wonderful literary and arts festivals: Aye Write in Glasgow, the Edinburgh International Harp Festival, the Pan Celtic Festival in Ireland, the Ullapool Book Festival, Arbroath 700, and all the local Mòds until at least July... and much else besides. All called off.

Such a great disappointment for everyone involved: organisers, sponsors, writers, singers, musicians, visitors. I too was looking forward greatly to attending these festivals.

It now also seems clear that a variety of other Gaelic events – like any other public events – are now in question. Festivals and the like cannot be mounted ‘digitally’ or ‘remotely’ – there is no option but postponement, hope and patience...

StAnza at least was able to go ahead – in St Andrew’s at the beginning of March. It was an honour and pleasure to appear and read at this festival’s Gaelic poetry session, alongside other writers.

Here is a gently satirical piece of poetry – cursing an illness! – from my first collection, “Crotal Ruadh – Red Lichen”, mimicking the style of an incantation or imprecation from the “Carmina Gadelica”.

I do hope you will all keep safe and well in these challenging times.

Warm good wishes.
Sandy

A Carminadelic Imprecation upon the Bronchitis
A light satire in the style of “Carmina Gadelica”

1 Black Aspirin

It is I that am pained
with the bronchitis
that came uninvited
maliciously intent on my death.

Black aspirin, o hi o ho
Carminadelica antibiotica
O how sad I am ro hu ill o
Cough’s destructiveness o ho bha hu
Be away, my curse on you,
Black aspirin!

2 Ruined Relic of my Health

Ruined relic of my health upon the fields
Coughing and snivelling all the long day
Ho a ho be away, I am tormented
Ho a ho be away, be well, well away!

Three hankies and cuppas and three whiskies
The sneezing’s a snorting, ‘t will be my
ruination
Ho a ho be away, be completely away,

The devil and evil be upon you, bronchitis!

3 Rime of Imprisonment in Illness

O fierce is the contest, and I am confused
O be away, illness, and let me return to life!

I am not indisposed to work
But this fatigue disgusts me
As for suffering with bronchitis,
I am more than happy to curse it!

O fierce is the contest, and I am confused
O be away, illness, and let me return to life!

Ó Sandaidh NicDhomhnaill Jones

There's more information on my website:
<https://sandynicdomhnailljones.com/>
Sandaidh NicDhomhnaill Jones 2020

SPECIAL ANNOUNCEMENT!!

THE EDINBURGH INTERNATIONAL HARP FESTIVAL IS GOING ONLINE!

TAKE PART ONLINE -

www.facebook.com/EdinburghInternationalHarpFestival
www.harpfestival.co.uk
www.youtube.com/editharpfest

FREE FOR EVERYONE
NO NEED TO
REGISTER
VIDEOS ON OUR
WEBSITE/YOUTUBE/FACEBOOK

Yes, we are thrilled to announce that we WILL have a harp festival from the 3rd-8th April - the VIRTUAL Edinburgh International Harp Festival!

Whilst we cannot all be together this year in Edinburgh, the EIHF still wants to give you the chance to experience some happy harping. From the evening of Friday the 3rd of April until the evening of Wednesday the 8th April, we will be uploading daily videos.

You will be able to learn some tunes/skills with our 1pm harp tutor videos AND every evening at 7.30pm you will be able to enjoy some fantastic harp music videos.

We're very excited about this, and we really hope it will make you smile in what is challenging times for us all.

Lastly, if you'd like to keep yourself occupied until the Virtual EIHF begins, many harp tutors and players are offering online harp lessons and have books/cds for sale and download. Please look them up via their website/facebook pages to help support them.

www.harpfestival.co.uk



TAIC AIR-LOIDHNE

Leis gu bheil na sgoiltean, colaiscean agus na h-oilthighean gu lèir dùinte, tha aig sgoilearan agus oilleanach an obair aca a dhèanamh bhon taigh.

Tha na sgoiltean agus na tidsearan air a h-uile taic a thoirt airson cuideachadh le seo. Cuimhnichibh cuideachd gu bheil tòrr fiosrachadh agus stuthan-taic ri fhaighinn air loidhne cuideachd.

Thoiribh sùil air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig, Stòrlann agus duilleagan sam bith eile a thaobh foghlam airson taic a bharrachd.

Tha tòrr ri fhaighinn air na meadhanan sòisealta cuideachd, tha sinn air ceangal a chur gu feadhainn dhiubh bho duilleagan Facebook agus Twitter againn fhèin agus cumaigh sinn oirnn le bhith dèanamh seo.

ONLINE SUPPORT

With all schools, colleges and universities being closed, children and students are having to carry out lessons from home.

Schools and teachers have provided as much work and support as possible to help children and students complete their work. There is also a huge amount of support online so be sure to access these as much as you can too. From nursery to teenage learning, there is lots available. Below are only several examples.

Keep an eye on the various educational websites, Bòrd na Gàidhlig, Stòrlann and many more websites for regular updates on what is available.

There is lots available via the social media platforms as well. We have shared some of them ourselves on our Facebook and Twitter pages and will keep doing so. The following pages show some examples of what is available.





Tha an làrach www.Gaelic4Parents.com dealbhaichte gu sònraichte do phàrantan agus do sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig.

Tha sinn an dùil leudachadh a dhèanamh air na seirbheisean seo mar dhòigh air taic a bharrachd a thoirt do sheirbheis an fhoghlaim anns an àm ri teachd.

Thèid na fiosan seo a sgaoileadh air na meadhanan, tro mheadhanan-sòisealta agus air làrach-lìn Stòrlann. Ma tha ceist agaibh, gheibh sibh thugainn le post-dealain a chur gu oifis@storlann.co.uk agus air fòn 01851 700880.



Lots of Gaelic videos and things to do on:


www.go-gaelic.scot

The website www.Gaelic4Parents.com is designed especially for parents and pupils in Gaelic education.

We hope to expand this service in order to support education in future weeks.

Information will appear in the media, social media and on the Stòrlann website.

If you have any queries, you may contact us by email at oifis@storlann.co.uk or by phone on 01851 700880.



TAIC AIR-LOIDHNE



ONLINE SUPPORT

Airson clann a' chumail dòigheil, nach èist sibh ri feadhainn dè na h-òrain spòrsail bho Òrain na Cloinne Bige. Seo Air Là Brèagha Samhraidh, tha faclan agus gniomhan an òrain an cois agus faodaidh sibh uile seinn agus dannsa còmhla.

To help with keeping the kids busy why not listen one of amazing songs from Òrain na Cloinne Bige . Here is Air Là Brèagha Samhraidh, we have provided the lyrics and actions to the song so you can sing and dance along.

Òrain na Cloinne Bige app available on Apple store and through the Òrain na Cloinne Bige Website: <http://orain-na-cloinne-bige.e-storas.com/>



Seo agaibh Gàmag, gèam tarraigeach far am faigh thu air seantasan a chur ri chèile – agus dòigh sònraichte air faicinn dè cho math sa tha thu air gràmar! Tha trì puinean gràmair rin taghadh – tràthan làthaireach, teachdail agus caithte, iре soirbh no doirbh agus 10 ceistean. Nach innis thu dhuinn dè mar a chaidh dhut!

A wee reminder of Gamag, where you can test your grammar in our sentence building game! It's an exciting game to test your grammar. Three grammar points to choose – Present, future and past, an easy or hard level and 10 questions.

You could even post your score below!

<http://www.e-storas.com/resources/gamag/index.html>

E-STÒRAS

A bheil sgeulachd a dhìth air duine agaibh mus
tèid sibh dhan leabaidh?

Seo agaibh Katie NicAonghais leis an sgeulachd
iongantach: Cuir Orm Mo Phlaide.
Còrdaidh seo ris an fheadhainn òg agaibh!

[https://www.facebook.com/GMEeileansiar/videos/
261862221502294/](https://www.facebook.com/GMEeileansiar/videos/261862221502294/)

Ceannaichibh an leabhar bho Acair:

[https://www.acairbooks.com/.../all-.../cuir-orm-
mo-phlaide!.aspx](https://www.acairbooks.com/.../all-.../cuir-orm-
mo-phlaide!.aspx)

E-STÒRAS

Does anyone need a bedtime story?

Here is a link to Katie MacInnes reading the
wonderful bedtime story Cuir Orm Mo Phlaide!

[https://www.facebook.com/GMEeileansiar/videos/
261862221502294/](https://www.facebook.com/GMEeileansiar/videos/261862221502294/)

Buy the book now at Acair:

[https://www.acairbooks.com/.../all-.../cuir-orm-
mo-phlaide!.aspx](https://www.acairbooks.com/.../all-.../cuir-orm-
mo-phlaide!.aspx)



www.e-storas.com

LEUGH IS SEINN LE LINDA

Tha Linda gu bhith a' cumail seiseanan leughaidh agus seinn air an t-seanail YouTube: Gaelic Books Council.

Bidh i a' craoladh beò gach Diardaoin aig 10m airson clann aois 0-5 agus aig 10.30 airson clann aois 5-8.

Chì sinn ann sibh!



ACAIR

Nach toir sibh sùil air na leabhairchean-èisteachd aig Acair?

Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!

<https://bit.ly/32JDr7a>



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Over the next few weeks, Linda will be hosting virtual Gaelic reading and singing workshops on the YouTube channel: Gaelic Books Council.

She'll be streaming live every Thursday morning at 10a for kids aged 0-5 and again at 10.30am for kids aged 5-8.

Chì sinn an sibh!



ACAIR

Why not have a look at Acair's audiobook selection?

Most of them are free:

<https://bit.ly/32JDr7a>



IONNSAICH GÀIDHLIG!

A bheil sibh a' lorg rudeigin airson cur seachad an tìde fhad's a tha sinn aig an taigh?

Uill, tha moladh air leth againn! Mur a bheil sibh air Gàidhlig ionnsachadh gu seo, seo an t-àm!

Chan eil e a-rìamh air a bhith cho furasta cànan ùr ionnsachadh, leis gu bheil Duolingo ann a-nis.

Tha seo air a bhith air leth soirbheachail, mar sin, gabh an cothrom!

Tha e an-asgaidh cuideachd!

Ionnsaich rudeigin ùr ann an dìreach 5 mionaidean gach latha.

<https://www.duolingo.com/course/gd/en/Learn-Scottish%20Gaelic>



Tuilleadh fiosrachadh an seo / Background Info.

<https://blog.duolingo.com/scottish-gaelic-scotland-in-full-colour/>

LEARN GAEIC!

Looking for a new pastime while we are on lockdown?

We have the perfect suggestion! If you haven't learnt Gaelic yet, now is your chance!

There has never been a better time to learn a new language, with the recent introduction of Duolingo.


This method of learning has been a great success, so go for it!

Plus, it's free!

Learn something new in just 5 minutes a day

<https://www.duolingo.com/course/gd/en/Learn-Scottish%20Gaelic>

**Start learning
Scottish Gaelic!**




ÒRAIN IS CEÒL AIR NA MEADHANAN SÒISEALTA

Tha mòran sheinneadairean agus cluicheadairean air a bhith trang air na meadhanan sòisealta thairis air an t-seachdain a chaidh seachad.

Tha mòran dhiubh air a bhith a' dèanamh consairtean beaga bhon dachaidhean aca air Youtube agus Facebook, agus tha sinne a' faighinn an cothrom sònraichte seo an coimhead, agus an-asgaidh!

Mar eisimpleir, bha aon sràid ann an Glaschu gu math fortannach nuair a dh' fhosgail Robert Robertson an uinneag aige agus thòisich e a' seinn! 'S e an rud a bha mìorbhailleach mu dheidhinn seo gun do thòisich aon de na nàbaidhean aige bho shòis an rathad a' seinn còmhla ris a-mach an uinneag aice fhèin!

<https://www.facebook.com/wearetidelines/videos/217431032951761/>




SOCIAL MEDIA BRINGING US MUSIC & SONG

Many have been taking to social media to keep us all entertained over the last week or so.

With musicians and singers doing concerts from their own homes via facebook or youtube, we are able to enjoy all of this for free!

One such example came from Robert Robertson who decided to open his living room window to share his wonderful voice with his neighbours, one of whom joined in - amazing!

<https://www.facebook.com/wearetidelines/video/217431032951761/>



#COVIDCEILIDH

'S dòcha gu bheil sibh a' faicinn #COVIDceilidh a tha air a bhith a' dol timcheall na meadhan sòisealta bho chionn ghoirid.

'S e Donnchadh Chisealach, am fidhleir ainmeil a thòisich seo le bhith ag iarraidh air einneadairean agus cluicheadairean traidiseanta iad fhèin a chlàradh a' seinn no a' cluiche agus a chur suas air na meadhanan sòisealta agus a' cleachdadh #COVIDceilidh.

'S e an amas a bh' aige le seo, gun cumadh an ceòl agus na h-òrain sinn dòigheil anns an àm duilich a tha seo. Tha iomadach seinneadar agus cluicheadair air pàirt a ghabhail ann an seo, le measgachadh a' nochdadh air na meadhanan sòisealta gach latha, tha e air a bhith dìreach sgoineil!

'S urrainn dhuibhse a dhol na lùib cuideachd, ged a bhiodh sibh a' seinn, a' cluiche, a' dannsa no dìreach ag èisteachd!



"If Traditional musicians from all over the world use the #COVIDCeilidh hashtag daily to upload 1 track then I guess we have a global ceilidh on our hands that everyone can gain strength and peace from"

Duncan Chisholm

<https://twitter.com/DuncanWChisholm>

#COVIDCEILIDH

Many of you may already be aware of #COVIDceilidh which has been doing the rounds on social media over the last week or so.

Renowned fiddler Duncan Chisholm started the #COVIDceilidh trend by encouraging all traditional singers and musicians to record themselves and post on social media using this hashtag, as a means to entertain us and to keep positive during these difficult times. The response has been incredible, with countless artists taking to social media.

You too can join in, either by performing a song or a tune yourself or by being entertained by others.

DÙBLAN NA H-EMOJIS

Bidh mòran agaibh eòlach air farpaisean-cheist agus fealla-dhà aig Donnie 'Maroot' Macleòid. Uill thairis air na beagan laithean a chaidh seachad, tha e air tòiseachadh air farpaisean rudeigin eadar-dhealaichte. 'S e sin Dùblan na h-Emojis!

Tha e air seo a dhèanamh le bhith cleachdadh iomadach cuspair, man measg, ainmean nan Còisirean Gàidhlig agus bailtean far an deach am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail!

Nach feuch sibh iad, tha na freagairtean air an ath dhuilleag.

Name the Gaelic choir:



EMOJI PUZZLES

Many of you will be familiar with the various quizzes and jokes that Donnie 'Maroot' Macleod has created over the years. In recent days he has introduced a new kind of competition, namely Emoji Competitions!

He has done this using various topics, including Gaelic Choir names and host towns of Royal National Mods! Here they are below, why not have a go.

The answers are on the following page.

Guess the Royal National Mod venue:

- 1 🔒🐻
- 2 ➡️🔪👩
- 3 🍴✖️⚖️
- 4 😐住房和城熊
- 5 🌙
- 6 😬🗑️
- 7 P 🌎
- 8 ⏪➡️👁️<
- 9 🏔️👉🏼🚪
- 10 ✖️☂️
- 11 ⚽️⚡️P
- 12 🐾⌚️

FREAGAIRTEAN / ANSWERS

Còisirean

- 1 Glasgow Gaelic Choir
- 2 Aberdeen Gaelic Choir
- 3 Tong Gaelic Choir
- 4 Glasgow Islay Gaelic Choir
- 5 Laxdale Ladies
- 6 Dingwall Gaelic Choir
- 7 Barra Gaelic Choir
- 8 Carloway Gaelic Choir
- 9 London Gaelic Choir
- 10 Islay Gaelic Choir
- 11 Stirling Gaelic Choir
- 12 Trotternish Gaelic Choir
- 13 Saltire Gaelic Choir
- 14 Lochs Gaelic Choir
- 15 Portree Gaelic Choor
- 16 Oban Gaelic Choir

Bailtean

- 1 Lochaber
- 2 East Kilbride
- 3 Stornoway
- 4 Edinburgh
- 5 Skye
- 6 Oban
- 7 Perth
- 8 Western Isles
- 9 Greenock
- 10 Airdrie
- 11 Golspie
- 12 Dunoon


Coròna-bhioras



Cuir casg air!



Nigh do làmhan
tric le siabann



Fuirich 2M bho
dhaoine eile



Cuir ort masg ma
tha cnaatan no
casadaich ort



Cuir nèapraigear pàipeir
mud bheul nuair a tha
thu a' dèanamh casad no
sreothart




Cuir fios chun an
dotair mura fàs
thu nas fheàrr

Sìne Bhàn




Blàth nan



cailin,




Sìne Bhàn



Reul nan



nighean,



dileas òg,



Cuspair diomhair




i dom



dhàn,




Gràdh



mo chridh'.



an



ribhinn òg.

Create your own

<https://washyourlyrics.com>

Adapted from National Health Service, who adapted from the World Health Organization Guidelines on Hand Hygiene in Health Care.
Created under the Open Government License. See <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> for details

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Iain Moireasdan*

Manaidsear a' Mhòid: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicUllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh*
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

